



A' coileanadh air feadh na h- Alba:

Ro-innleachd Nàiseanta 2023-2027

Ro-innleachd Nàiseanta 2023-2027

Fàilte oirbh don Phlana Ro-innleachdail againn

Seo an còigeamh Ro-innleachd Nàiseanta againn, a tha a' cur air adhart prògraman leantainneach Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba air feadh na h-Alba agus a' toirt taic don roinn againn.

Gach bliadhna bidh sinn a' co-roinn ar cruinneachaidhean agus ar n-eòlais tro iasadan, gabhail pàirt ann am pròiseactan nàiseanta, com-pàirteachadh coimhearsnachd, maoinachadh airson trusadh agus cothroman leasachaidh air eòlas is sgilean an-asgaidh do thaighean-tasgaidh eile.

Tha an obair seo air feadh na h-Alba cudromach ann a bhith gar cuideachadh a' libhrigeadh nan amasan agus nam prìomhachasan a tha air am mìneachadh ann am Plana Ro-innleachdail Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba (2022- 2027), *A' brosnachadh Dhaoine: A' cur Aghaidh ri Dùbhlain ar Linne*.

Chomharraich ar co-chomhairle na bu tràithe am-bliadhna taic làidir airson leantainn air adhart leis an obair seo le coimhearsnachdan agus an roinn againn. Dhaingnich e neart agus buaidh ar n-obrach nàiseanta ach cuideachd cho cugallach 's a tha roinn a' chultair is an dualchais agus am maoinachadh a gheibh e. Tha beàrnan air nochdadh ann an eòlas agus taic, a chuidich sinn a' beachdachadh càite a bu chòir do Thaighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba a ghnìomhan a chuimseachadh anns na bliadhnaichean ri teachd.

Tha sinn a' coimhead air adhart ri co-obrachadh le com-pàirtichean agus luchd-ùidh, sean is ùr, gus an Ro-innleachd seo a libhrigeadh.

Dr Chris Breward
Stiùiriche, Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba

Ro-innleachd Nàiseanta 2023-2027

A' coileanadh air feadh na h-Alba

Tha an co-theacsa anns a bheil sinn a' coileanadh na Ro-innleachd Nàiseanta ùire seo air atharrachadh gu mòr anns na bliadhnaichean mu dheireadh. Tha gainnead airgid na dhùbhlán do roinn nan taighean-tasgaidh air feadh sheirbheisean poblach. Dhearbh ar co-chomhairle gu robh crìonadh air tighinn air àireamhan luchd-obrach agus eòlas ionadail, gu robh dùnadh san amharc ann an sgìrean ionadail agus lùghdachadh ann an uairean fosglaidh. Chaidh draghan a thogail iomadh uair mu chomas taighean-tasgaidh na h-Alba san fhad-ùine cùram a ghabhail de chruinneachaidhean, an glèidheadh, an riaghladh agus an taisbeanadh. Bidh an t-àm seo duilich dha na h-uile.

Ach, a dh'aindeoin sin, tha cothroman ann a tha ag aonadh na roinne, agus faodaidh Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba luach a bharrachd a thabhann ann a bhith ag adhartachadh nan ùidhean sin le coimhearsnachdan agus taighean-tasgaidh air feadh na h-Alba. Bidh sinn ag obair le Taighean-tasgaidh Gailearaidhean Alba gus taic a thoirt don Ro-innleachd ùir airson Taighean-tasgaidh is Gailearaidhean na h-Alba, a' com-pàirteachadh le taighean-tasgaidh eile air prìomhachasan co-roinnte agus ag obair a dh'ionnsaigh neoini lom. Bheir sinn taic do ath-leasachadh san roinn phoblaich agus libhrigidh sinn sàr eòlasan fo stiùir na coimhearsnachd aghaidh-ri-aghaidh agus air-loidhne, a bharrachd air a bhith a' gabhail ri agus a' sgrùdadh eachdraidhean colonachaidh nàiseanta agus an dileab, agus a' leudachadh com-pàirteachadh luchd-amais.

Nar co-chomhairle gus an Ro-innleachd seo a thoirt gu buil, chuala sinn iarrtas làidir iomadh uair gum biodh Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba fhathast a' libhrigeadh trèanadh chruinneachaidhean, prògraman maoinreachaidh airson iasad agus trusadh, a' stiùireadh iomairtean agus a' tagradh airson cho cudromach 's a tha tasgadh airgid ann an cùram agus riaghladh chruinneachaidhean agus ann a bhith a' leasachadh ruigsinneachd orra. Ged nach eil goireasan againn gus a h-uile taic a tha a dhìth air an roinn agus na coimhearsnachdan a thoirt seachad, tha an Ro-innleachd Nàiseanta seo air dà phrìomhachas soilleir a chomharrachadh airson ar n-obrach.

Ar fòcas ann an 2023-2027

Co-roinn Cruinneachaidhean na h-Alba

Meudaichidh sinn com-pàirteachadh leis a' Chruinneachadh Nàiseanta airson buannachd dhaoine, àiteachan agus choimhearsnachdan air feadh na h-Alba tro bhith a' cur ar n-obair com-pàirteachais nàiseanta am meud.

Taic don Roinn againn

Cuiridh sinn ri buaidh na taic a bheir sinn seachad don roinn a thaobh eòlas agus sgilean chruinneachaidhean.

Ro-innleachd Nàiseanta 2023-2027

Lèirsinn, Amasan agus Cinn-uidhe

Tha na cinn-uidhe seo agus na gnìomhan nan lùib a' dèanamh suas ar Ro-innleachd Nàiseanta agus a' fiosrachadh Plana Buileachaidh a' Phrògram Nàiseanta co-cheangailte (2023-2027). Chaidh an leasachadh gus dèiligeadh gu dìreach ri amasan ro-innleachdail, co-theacsa, prionnsapalan, luachan agus goireasan airson na Ro-innleachd seo.

Lèirsinn

Com-pàirteachadh agus brosnachadh dhaoine air feadh na h-Alba le bhith a' co-roinn ar cruinneachaidhean, nan sgeulachdan co-cheangailte riutha agus ar n-eòlais airson na buannachd as fharsainghe.

Amasan agus Cinn-uidhe

1: Co-roinn Cruinneachaidhean na h-Alba

- Lìbhrig Prògram Iasadan Nàiseanta a tha ag amas air ruigsinneachd, ìomhaigh agus buaidh a' Chruinneachaidh Nàiseanta a chur am meud.
- Lìbhrig gnìomhan ionnsachaidh is com-pàirteachaidh a bhios a' togail ùidh agus a' brosnachadh luchd-amais farsaing air feadh na h-Alba (a' gabhail a-steach Prògram Nàiseanta nan Sgoiltean agus Seachdain Matamataig na h-Alba).
- Leasaich ar cleachdadh, com-pàirteachasan agus maoineachadh bhon taobh a-muigh airson taic a thoirt do dhòighean-obrach ùra no deuchainn a dhèanamh orra a thaobh ruigsinneachd air a' Chruinneachadh Nàiseanta air feadh na h-Alba.

2: Taic don Roinn againn

- Rianachd na Maoin Nàiseanta airson Trusadh, a' cur ri a ruigsinneachd agus a buaidh.
- Co-roinn ar n-eòlas tro na prògraman Trèanaidh is Comhairleachaidh Nàiseanta againn, a' dèiligeadh ri beàrnannan ann an sgilean, eòlas agus inbhean chruinneachaidh nàiseanta.
- Brosnaich leasachaidhean ann am bun-structar chruinneachaidhean gu nàiseanta agus cuir air dòigh sreath de chom-pàirteachasan agus phròiseactan ro-innleachdail gus cuideachadh le bhith a' togail a' chomais nàiseanta seo.
- Tog airgead airson sreath de phròiseactan cuimsichte mu eòlas agus togail sgilean chruinneachaidhean.

Ro-innleachd Nàiseanta 2023-2027

Luachan agus Goireasan

Luachan

Tha luachan ar buidhne a' mineachadh mar a tha sinn airson a bhith ag obair – le chèile agus le buidhnean air an taobh a-muigh – agus tha iad nam bunait air libhrigeadh na Ro-innleachd seo:

- Cruthachail: Tha sinn innleachdach agus tha smuaintean inntinneach nam brosnachadh dhuinn
- In-ghabhalach: Tha sinn fosgailte, càirdeil agus taiceil
- Co-obrachail: tha sinn ceasnachail, deònach gabhail ri beachdan ùra agus tha deagh eadar-cheangalan againn
- Adhartach nar feallsanachd: bidh sinn a' coimhead air an t-suidheachadh san fharsaingeachd a bharrachd air a' mhion-fhiosrachadh.

Goireasan

Tha àrd-mhiann againn an còmhnaidh airson ar prògraman a libhrigeadh agus a neartachadh air feadh na h-Alba. Ach, tha an lùghdachadh fìor san airgead Tabhartas-gus-Cuideachadh againn thar nan 10 bliadhna a dh'fhalbh, còmhla ris a' chrìonadh ann an tasgadh ann an taighean-tasgaidh ionadail, a' ciallachadh gu bheil dùbhlain mhòra mu choinneamh na roinne gu lèir. Feumaidh sinn, mar-thà, prìomhachas a chur air ar n-obair nàiseanta a thaobh coinneachadh ri feumalachdan no cothroman far a bheil sinn ann an suidheachadh gun samhail agus le goireasan iomchaidh againn airson comhairle a thoirt seachad agus far a bheil co-thaobhadh làidir ann ri ar n-ùidhean ro-innleachdail fhèin.

Is iad na h-àrd-phrìomhachasan againn libhrigeadh a' Phrògram Trèanaidh Nàiseanta, a' Mhaoin Nàiseanta airson Trusadh agus prògraman lasadan Nàiseanta. Tha libhrigeadh làn amasan agus cinn-uidhe ar Ro-innleachd Nàiseanta an urra ri bhith a' faighinn airgead a bharrachd bhon taobh a-muigh.

Ro-innleachd Nàiseanta 2023-2027

Tomhas agus fianais air a' bhuidh againn

Bidh sinn a' tomhas agus a' riaghladh ar coileanadh agus ag aithris air a' bhuidh aige gach bliadhna, an dà chuid tro sgrùdadh càileachdail agus luachadh uimhireil. Bidh ar leasachadh stèidhichte air na ceithir prionnsapalan a bhios a' stiùireadh ar gnìomhan, agus, mar thoradh, ro 2027 bidh na leanas againn air a choileanadh:

Co-roinneadh Eòlais

Bidh ar gnìomhachd air a dhol am meud a thaobh co-roinn ar n-eòlais agus, mar thoradh air sin, bidh sinn a' toirt barrachd taic do eòlas, misneachd agus sgilean chruinneachaidhean nàiseanta.

Air a thomhas le bhith

- A' sireadh agus a' freagairt co-chomhairlean sgilean no luachadh thachartasan agus fios air ais fo stiùir an luchd-amais gus cuimseachadh air feumalachdan sgilean sònraichte.
- A' tomhas agus a' cumail sùil air ìrean com-pàirteachaidh a thaobh an t-seòrsa prògram a ruigear, càite, an luchd-amais, no airgead a chaidh a sgaoileadh.

Luchd-amais nas eadar-mheasgte

Leudachadh agus iomadachadh air an raon de dhaoine agus àiteachan air feadh na h-Alba a tha a' faighinn cothrom air, a' dol an sàs agus a' faighinn buannachd às na Cruinneachaidhean Nàiseanta.

Air a thomhas le bhith

- A' sgrùdadh, ag aithris agus a' freagairt bheachdan air ais mun obair againn a rèir seòrsa luchd-amais.
- A' tomhas agus a' sgrùdadh ìrean com-pàirteachaidh a thaobh an t-seòrsa prògram a ruigear, càite, agus an luchd-amais.

Ar tabhartas nàiseanta air a chur am meud

Bidh sinn air a' bhuidh phoblaich a thig bho ar prògraman nàiseanta a chur am meud tro cho-obrachadh ro-innleachdail, conaltradh èifeachdach agus tro airgead fhaighinn bhon taobh a-muigh.

Air a thomhas le bhith

- Ag aithris gach bliadhna air adhartas ann a bhith a' coileanadh agus a' toirt air adhart ar n-amasan agus cinn-uidhe ro-innleachdail.
- Ag òrdachadh gun cleachdar ar Stiùiridhean Aithne gus aithne a thoirt do Thaighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba agus luchd-maoineachaidh bhon taobh a-muigh.
- A' trusadh agus ag aithris air com-pàirteachasan leantainneach is ùra agus am maoineachadh.

Lorg carboin nas lugha

Bidh sinn air lorg carboin ar n-obrach 'air taobh a-muigh ar ballachan' a lùghdachadh agus air ar cleachdadh a thaobh seo a cho-roinn leis an amas a shamhail a bhrosnachadh ann an roinn nan taighean-tasgaidh san fharsaingeachd.

Air a thomhas le bhith

- A' tomhas agus ag aithris air ar cleachdadh carboin thar gach gnìomh.

Ro-innleachd Nàiseanta 2023-2027

- Ag adhartachadh modhan agus susbaint seasmhachd àrainneachdail thar ar prògraman.

[Creideasan ìomhaigh rim faighinn an seo](#)

Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba
Taigh-tasgaidh Nàiseanta na h-Itealaich
Taigh-tasgaidh Nàiseanta na Beatha Dhùthchail
Taigh-tasgaidh Nàiseanta nan Cogadh
Ionad-cruinneachaidh nan Taighean-tasgaidh Nàiseanta.

Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba, Sràid Chambers, Dùn Èideann EH1 1JF
0300 123 6789
partnerships@nms.ac.uk
www.nms.ac.uk

Taighean-tasgaidh Nàiseanta na h-Alba.
Àireamh carthannais Albannach SC011130